

Fàilte / Welcome to this session

Sgoil Araich Innis an Uillt/ Meadowburn GME Early Learning and Childcare

Comhairle nan Eilean Siar

Practitioners and senior leaders will share factors contributing to high-quality GME early learning and childcare, recovery approaches and progress with the 1140 hours.

A' Co-Roinn Dòighean-Obrach air Bogadh Tràth-Ionnsachadh agus Cùram-Cloinne Feis Ionnsachaidh na h-Alba



Fàilte gu Bun Sgoil Innis an Uillt

Eadar-Obrachadh agus Eòlasan Cluiche Àrd-Càileachd...

Gàidhlig aig a' chridhe

Eadar-Obrachadh agus Eòlasan

- Anns an Sgoil-Araich, tha sinn a' cur cuideam air a bhith a' toirt seachad eòlasan a tha air an tòiseachadh leis a' chloinn / leis an inbheach / air an stiùireadh leis an inbheach... tha iad seo air an cuairteachadh le cearcall Gaidhlig.



Eadar-Obrachadh agus Eòlasan

Bidh sinn a' coileanadh seo le bhith a' toirt seachad:

- Eadar-obrachaidhean cunbhalach, cuiridhean agus aithrisean ann an Gàidhlig.
- Ionnsachadh, a tha an dà chuid, freagairteach agus a dh'aona-ghnothach.
- Cothroman far a bheil am fòcas air còmhraidh Gàidhlig an cuid chloinne a leasachadh.
- A' tracadh ìrean tuigse na cloinne agus mar a bhios iad a' cleachdadh na Gàidhlig.

Àitichean – A-Staigh agus A-Muigh

- Tha sinn ag atharrachadh gu cunbhalach co-theacsan cluiche, a-staigh agus a-muigh, a' dèanamh cinnteach gu bheil cànan agus briathrachas na cloinne air an leudachadh.
- Tha sinn a' cur cuideam air àrainneachd a tha beartach le cànan agus a' cur cuideam air cothroman sgilean ionnsachaidh adhartachadh mar reusanachadh, cruthachas, a' fuasgladh cheistean agus coltachdan gun bhacadh.

Àitichean – A-Staigh agus A-Muigh

- Inbhe Suidheachadh a tha Freagairteach do Chànan is Conaltradh – fhuair an duais slàn ann an 2018 le bhith a’ coileanadh na 5 comharran gu lèir agus thuir an sgioba dearbhaidh gun robh iad:

‘Air am beò ghlacadh le càileachd agus seasmachd dìlseachd dhan chànan agus slatan-tomhais freagairteach do chànan is conaltradh. Bha luchd-obrach na Sgoil-Araich a’ sealltainn dealas làidir gus suidheachadh freagairteach do chànan is conaltradh a leasachadh agus a chumail suas.’

Àitichean - A-Staigh agus A-Muigh

- A' cruthachadh gàrradh ainmichte don Sgoil Àraich – cothroman làitheil a bhith a-muigh a'cur taic ri leasachadh neo-eisimeileachd agus ath-leumachd.

Maoineachadh

- Riaghaltas na h- Alba
- Maoineachadh Calpa
- Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig
- Bòrd Na Gàidhlig
- Maoin-airgid GLAIF

Maoineachadh

Maoineachadh Calpa Riaghaltas na h-Alba –

Thug seo taic dhuinn
àite cluich a-muigh a
chruthachadh dha
clann na Sgoil Àraich.



Maoineachadh

Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig–

Goireasan na luib:-

Bathar-cruaidh TF;

- Goireasan Litearrachd agus Àireamhachd;
- Goireasan pàirtean sgaoilte.

Tha maoineachadh an tabhartais a’ ciallachadh gu bheil ar luchd-obrach tràth-bhliadhnaichean a’ faighinn trèanadh FMG aig àrd ìre aig Newbattle Abbey College, a’ dèanamh cinnteach gum bi a’ chlann a’ faighinn eòlas bogaidh àrd-chàileachd ‘sa Ghàidhlig.

Maoineachadh

Bòrd Na Gàidhlig

Chuidich maoineachadh GLAIF sinn le oide Gàidhlig fhaighinn gus Club Obair-Dachaigh a chur an sàs dha pàrantan.

Bha seo a' dèanamh cinnteach gun robh na pàrantan a' tuigsinn ciamar a b'urrainn dhaibh an cuid chloinne a chuideachadh le ionnsachadh-dachaigh Gàidhlig.

Teicneolas Didseatach...

Thathar a' cleachdadh teicneolas didseatach gu cunbhalach san Sgoil Àraich gus eòlasan ionnsachaidh agus cothroman a mheudachadh dhan chloinn.

'Se inneal fìor chudromach a bh'ann an seo airson conaltradh a dhèanamh ri pàrantan agus a' choimhearsnachd nas farsainge air feadh bacaidhean Covid. Thathar air seo a choileanadh le bhith a' cleachdadh:

- Slighean Ionnsachaidh air Loidhne
- Cunntas Prìobhaideach air Twitter
- Duilleag Youtube Tèarainte
- Microsoft Teams

Com-Pàirteachas Phàrant

Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig

...

Tha TCC na Gàidhlig cuideachd a' toirt cothrom do phàrantan pàirt a ghabhail ann a bhith leasachadh sgilean Gàidhlig an cuid chloinne ann an suidheachadh neo-fhoirmeil agus iad ag ionnsachadh tro chluich, òrain, cur-seachadan agus geamanan. Tha seo a' toirt bhuannachdan don chloinn agus do phàrantan, agus bidh cuid ann aig nach eil Gàidhlig san dachaigh.